

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Èisteachd)

**X229/12/01**

TEISTEANAIS      DIHAOINE, 25 CÈITEAN  
NÀISEANTA      1.00 PM – 1.40 PM  
2012

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE  
Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL      FRIDAY, 25 MAY  
QUALIFICATIONS      1.00 PM – 1.40 PM  
2012

GÀIDHLIG  
HIGHER  
Section A Listening (Questions)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là      Mìos      Bliadhna      Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

**Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.**

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



**Roinn A: Èisteachd**

**Ùine: 40 mionaid**

*Comharraidhean*

**CEISTEAN**

1. Dè na trì rudan air am bi daoine a' smaoinichadh, a rèir na h-earrainn, nuair a thèid an samhradh ainmeachadh?

---



---



---

**3**

2. De tha air innse dhuinn:

(a) mu Ghlastonbury?

---

**1**

(b) mun chuid mhòr de fhèisean-ciùil na Gàidhealtachd?

---

**1**

3. Càite ann an Steòrnabhagh a bheil HebCelt a' gabhail àite?

---



---

**2**

4. Dè na dòighean sa bheil HebCelt eadar-dhealaichte on Mhòd?

---



---

**2**

5. Dè an rud a tha air innse dhuinn a tha “tarraingeach dhan luchd-tadhail”?

---



---

**2**

*Comharraidhean*

6. Thoir dà eisimpleir air mar a tha an Fhèis air leudachadh a-mach o dìreach ceòl.

---



---

2

7. (a) Carson a dh'fhaodadh an Fhèis turasachd a bhrosnachadh anns Na h-Eileanan san àm ri teachd?

---



---



---

3

- (b) Ciamar a tha an dòigh a tha an Fhèis air a ruith a' cuideachadh le seo?

---



---

2

8. (a) Dè uimhir is a tha an Fhèis a' toirt a-steach de airgead dha Na h-Eileanan gach bliadhna, a rèir cuid?

---

1

- (b) Ainmich dà bhuidheann a bhios a' dèanamh airgead aiste.

---



---

2

9. Dè na duilgheadasan a tha uaireannan ag èirigh às cho math is a tha a' dol dhan Fhèis?

---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

10. (a) Ainmich dà bhuidheann dhaoine o bheil an Fhèis a' faighinn taic.

---

---

2

(b) Ciamar a tha iad ga cuideachadh?

---

---

2

11. Dè na rudan a tha air an ainmeachadh aig an deireadh a tha nan comharra air cho math is a tha dol dhan Fhèis?

---

---

---

3

**(30)**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)


Grand  
Total

**X229/12/02**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2012

DIHAOINE, 25 CÈITEAN  
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh  
Roinn B(iii): Litreachas

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2012

FRIDAY, 25 MAY  
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG  
HIGHER

Section B(i): Reading  
Section B(ii): Writing  
Section B(iii): Literature

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

**Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.**

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



**Leugh an sgeulachd agus freagair nad fhacail fhèin na ceistean a tha ga leantainn.****Mairead**

Nuair a thàinig iad air ais a dh'fhuireach dhan Eilean, cheannaich iad taigh mòr le lios. Cha robh dìth airgid orra oir bha Murchadh air a bhith aig inbhe àrd sa Phoileas agus cha robh aca ach iad fhèin. Bha ise measail air an taigh ùr, agus bha Murchadh toilichte cuideachd oir bha e faisg air a' mhuir is bha e dèidheil air iasgach. 'S e aon rud a-mhàin a bha a' cur sgleò air am beatha ach cha bhiodh iad a' bruidhinn air a sin uair sam bith.

Thug iad am piàno dhachaigh leotha. Aon latha bha Anna na suidhe anns an lios agus Murchadh ag iasgach. 'S e feasgar brèagha samhraidh a bha ann agus a' ghaoth bhlàth a' sèideadh a falt.

Agus chuala i am piàno a' cluich.

Bha i cinnteach nach robh duine am broinn an taighe. Le a cridhe na h-uchd chaidh i steach don rùm. Ach cha robh duine aig a' phiàno.

Nuair a thàinig Murchadh dhachaigh dh'innis i dha dè thachair. "O, rinn thu dìreach norrag bheag," ars esan rithe, gu cinnteach. "Feumaidh gun do rinn," thuirt i. Ach cha robh i idir cho cinnteach.

An oidhche sin fhèin chaidh iad a chèilidh air nàbaidhean dhaibh. Cha do bhruidhinn iad air a' phiàno ach dh'fhaighnich Anna, anns a' ghuth-thàmh, "Cò bha anns an taigh romhainne?"

"Cha robh ach cailleach a bha a' fuireach na h-aonar," arsa Tormod, an nàbaidh. "Carson?" "O, chan eil e gu diofar," fhreagair Anna gu sgiobalta.

Nuair a chaidh i fhèin agus Murchadh dhachaigh bha a' ghealach àrd anns an adhar agus an taigh sàmhach. Bha e a' coimhead neònach san t-solas gheal ud, mar gum biodh e a' feitheamh. Stad i ga choimhead ach choisich Murchadh a-steach gun ghuth a ràdh.

An latha bha seo 's i na h-aonar anns an taigh a-rithist chuala i am piàno 's nuair a chaidh i steach dhan rùm bha nighean bheag le dreasa phinc oirre na suidhe aige. Chaidh i far an robh i agus thuirt i rithe, "Cò thu?" Sheall an nighean rithe agus fhreagair i, "Mairead".

Bha iad a' bruidhinn ri chèile ùine mhath nuair a thàinig Murchadh a-steach.

"Dè tha thu dèanamh an sin nad aonar?" thuirt e. "An ann a' cluich a' phiàno a bha thu?" "Cha b' ann." Smaoinich i nach innseadh i dha. Cha robh mac-meanmna sam bith aig Murchadh—'s e sin bu choireach gur e deagh phoileas a bha air a bhith ann.

"An do ghlac thu iasg an-diugh?" dh'fhaighnich i. Agus mar a b' àbhaist ghlac.

An ath latha agus Murchadh fhathast anns an taigh gun ghuth air falbh thuirt i ris, "Nach eil a thid agad a dhol a dh'iasgach?" "Uill," ars esan, "thàinig e steach orm gun robh mi gad fhàgail nad aonar ro thrìc."

"Ist, amadain," ars ise, "tha mise ceart gu leòr far a bheil mi. Thalla thusa." Agus rinn e sin, a' toirt sùil oirre is e a' falbh leis an t-slait. Bha Murchadh math air a bhith glacadh iasg, smaoinich i, mar a bha e math air glacadh mhèirlich ron a seo.

“Tha sinn a-nise nar n-aonar,” ars ise ri Mairead nuair a dh’fhalbh Murchadh. “An aithne dhut danns?” Agus thòisich an dithis a’ danns air feadh an rùm. “Tha mi an dòchas,” ars ise, “nach fhàg thu tuilleadh.” Le làmh Maireid na làmh fhèin bha i falbh air feadh an taighe, a’ sealltainn nan rumannan dhi. “Seo an rùm agadsa,” thuirt i rithe is i fosgladh doras. Bha feagal oirre gun tilleadh Murchadh oir gach uair a bha e tilleadh, bha Mairead a’ falbh. Nan èireadh rudeigin do Mhurchadh, smaoinich i . . . ach chaisg i an smuain anns a’ bhad.

Aon latha throid i rithe. “Nach tuirt mi riut gun bùrn a dhòrtadh air an làr,” thuirt i. Ach an uair sin stad i agus shliob i a falt.

Nuair a thàinig Murchadh dhachaigh thuirt e, “Dè am bùrn a tha sin air an làr?” “O, dhòirt mi e nuair a bha mi nighe nan soithichean,” fhreagair i. Thug e sùil oirre ach cha tuirt e an còrr airson mionaid. Am poileas ud le iasg marbh na làimh!

Chaidh e null far an robh i agus thuirt e, “Tha mi gad fhàgail nad aonar ro thrì. Rinn mi an aon rud ann an Glaschu.” Thug i sùil air. “Chunnaic mi an nighean bheag ud an-diugh,” thuirt i an uair sin. “Agus lathaichean eile cuideachd.”

“Co ris a tha i coltach?” dh’fhaighnich e. “Tha dreasa bheag phinc oirre,” fhreagair i. “S e ise a dhòirt am bùrn air an làr. Throid mi rithe.”

“Rinn thu an rud ceart,” thuirt e.

Thug i sùil air le iongnadh. “Dè thuirt thu?” “Gun do rinn thu an rud ceart.” An ceann ùine dh’fhaighnich i, “A bheil thu creidsinn gu bheil an nighean ann?”

“Ma tha thu ga coimhead tha i ann,” arsa Murchadh. Am poileas ud nach robh a’ fàgail càil gun rannsachadh!

Shuidh iad a-muigh anns a’ ghrèin agus ise ag èisteachd.

“A-màireach,” thuirt i, “feumaidh tu ionnsachadh dhomh mar a nì mi iasgach.”

“Ceart gu leòr,” thuirt e. Anns a’ mhionaid ud fhèin chual iad am piàno a’ cluich.

*Ath-aithris air an sgeulachd, ‘Mairead’, le Iain Mac a’ Ghobhainn*

**[Tionndaidh an duilleag**

**CEISTEAN**

1. Ainmich dà rud a tha a' sealltainn gu bheil dòigh-beatha mhath aig Murchadh agus Anna a-nise.

---



---

2

2. (a) Ciamar a bha Anna a' faireachdainn a' chiad turas a chual i an ceòl piàno, agus carson?

---



---

2

- (b) Ainmich dà dhòigh a tha an t-ùghdar a' cleachdadh gus buaidh a thoirt air ar faireachdainn an seo.

---



---

2

3. (a) Saoil carson a dh'fhaighnich Anna dhan nàbaidh cò bha san taigh romhpa?

---

1

- (b) Agus carson nach do dh'innis i dha dè bha air cùl na ceist?

---



---

2

4. (a) An dèidh dhi Mairead fhaicinn a' chiad uair, tha Anna a' ràdh nach eil mac-meanmna làidir aig Murchadh. Innis dà rud a rinn e no a thuir e ron a seo a tha a' sealltainn sin.

---



---

2

- (b) Carson a dh'fhàgadh sin e math air obair a' phoileis, na do bheachd?

---



---

2



*Comharraidhean*

5. Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha Murchadh a' fuireach a-staigh an latha an dèidh do dh'Anna an nighean fhaicinn an toiseach?

---



---

2

6. Nuair a tha Anna a' sealltainn an taighe do Mhairead, innis trì rudan a tha a' dol tro a h-inntinn mu Mhurchadh.

---



---



---

3

7. (a) Saoil carson a sheall e oirre nuair a dh'innis i mun bhùrn air an làr?

---

1

- (b) Tha e air innse dhuinn gu bheil Murchadh “math air a bhith glacadh iasg”. Dè tha thu a' smaoinichadh a tha sin a' samhlachadh?

---



---

2

8. (a) “Am poileas ud nach fhàgadh càil gun rannsachadh!” Dè tha sin ag innse dhuinn mun inntinn aig Murchadh?

---



---

2

- (b) Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha an clisg-phuing (!) às dèidh na seantans seo?

---

1

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

9. (a) Dè a tha Anna a' ràdh ri Murchadh a tha i dol a dhèanamh a-màireach?

---



---

2

(b) Saoil carson a tha i dol a dhèanamh seo?

---

1

10. (a) Aig toiseach na sgeulachd tha e air innse dhuinn gu bheil aon rud a tha "a' cur sgleò" air beatha an dithis. Às dèidh an sgeulachd a leughadh, dè tha thu a' smaoinichadh an rud a bha sin?

---

1

(b) Carson eile, na do bheachd, a dh'fhaodadh Anna a bhith mì-thoilichte?

---



---

2

(30)

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

1. Ag ionndrainn.  
Sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh iomchaidh sam bith. **(30)**
  
2. “Tha mi sgìth de dhaoine ag innse dhomh dè bu chòir dhomh ithe no a dhèanamh gus am bi mi fallain!”  
Thoir do bheachd air seo, a’ cur dà thaobh na h-argamaid. **(30)**
  
3. Sgrìobh artaigil airson pàipear ionadail no iris-sgoile mu na rudan a bu chòir a dhèanamh gus barrachd chothroman a thoirt dhan òigridh far a bheil thu a’ fuireach. **(30)**
  
4. (a) “Nam b’ urrainn dhomh an cloc a thionndadh air ais!”  

**No**

(b) “Cha tig an aois leatha fhèin!”  
Sgrìobh sgeulachd air aon de na tiotalan seo. **(30)**
  
5. “Nam bithinn air a bhith beò o chionn 100 bliadhna . . .” **(30)**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Freagair AON cheist :**

**ROSG (Prose)**

1. Tagh pìos rosg aig a bheil deireadh a tha annasach no inntinneach. Mìnich mar a chleachd an sgrìobhadair plota, caractar agus dòighean-sgrìobhaidh eile gus a' bhuaidh seo a thoirt ort. (30)
2. Tagh pìos rosg far a bheil cuspair àraidh air a rannsachadh. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh seo anns an teacs. Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air structar, dòigh-innse, caractar no rudan iomchaidh eile. (30)
3. Tagh pìos rosg anns a bheil barrachd air aon caractar a tha cudromach don stòiridh. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh nan caractaran seo gus an stòiridh a dhèanamh inntinneach. Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air plota, dòighean-sgrìobhaidh, cuspair, dòigh-innse no rudan iomchaidh eile. (30)

**BÀRDACHD (Poetry)**

4. Bidh bàird tric ainmeil airson pìos no dhà bàrdachd a sgrìobh iad os cionn a h-uile càil eile a rinn iad. Tagh dàn no dhà a sgrìobh bàrd àraidh agus seall carson a tha thusa a' meas a' phìos/nam pìosan sin airidh air cliù. Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air ìomhaighean, structar no rudan iomchaidh eile. (30)
5. Tagh pìos bàrdachd stèidhichte air caractar no tachartas àraidh. Seall mar a tha am bard a' sealltainn na tha aige/aice ri ràdh mun caractar no an tachartas seo. Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air dòighean-sgrìobhaidh, ìomhaighean, no rudan iomchaidh eile. (30)
6. Tagh pìos bàrdachd a bhuin riut gu pearsanta no a thug ort smaoinachadh gu domhain mu na bha am bàrd ag ràdh. Seall mar a thug am bàrd a' bhuaidh seo ort tro dhiofar dhòighean-sgrìobhaidh. (30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

## ACKNOWLEDGEMENT

Roinn B(i): Leughadh—Extract is adapted from “Mairead” from *An t-Aonaran* by Iain Crichton Smith ISBN 903207 07 X. Published by Celtic Department, Glasgow University. Reproduced by permission of University of Glasgow.

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i)	Leughadh / 30
B(ii)	Sgrìobhadh / 30
B(iii)	Litreachas / 30
<b>Grand Total</b>	<b>120</b>



# X229/12/11

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2012

DIHAOINE, 25 CÈITEAN  
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE  
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2012

FRIDAY, 25 MAY  
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG  
HIGHER  
Section A Listening (Transcript)

**This paper must not be seen by any candidate.**

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



## STIÙIREADH DON TIDSEAR

### MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH (ANN AN ÈGINN A-MHÀIN)

1. Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Leughaidh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.

*(A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN)*

4. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaidh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh a cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.

*(AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN)*

6. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

## STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh nòtaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Tòisichibh an t-inneal.

*(A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN)*

4. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal. (Na cuiribh air ais an CD.)

5. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

6. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin tòisichibh an t-inneal a-rithist.

*(AN DÀRNA CLUICH DEN EARRAINN)*

7. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.

8. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

9. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

## EARRANN

### Samhradh ceòlmhor

Do chuid a dhaoine tha an samhradh a' ciallachadh làithean fada leisg air an tràigh no cothrom beagan obrach a dhèanamh san lios. Do chuid eile seo ràith nam fèisean-ciùil.

Ged a tha fèisean leithid Glastonbury air a bhith a' dol o chionn deugachadh a bhliadhnaichean, chan ionann sin agus a' mhòr-chuid de na fèisean-ciùil air a' Ghàidhealtachd. Tha aon tè ann, ge-tà, a tha air a bhith a' ruith nas fhaide na càch agus 's e sin Fèis Cheilteach Innse Gall no 'HebCelt'. Tha HebCelt a' dol fad ceithir latha agus tha i a' gabhail àite ann an teant air àrainn a' Chaisteil ann an Steòrnabhagh.

Faodar coimhead air Mòd a' Chomuinn Ghàidhealaich mar seòrsa de Fhèis cuideachd ach 's e rud gu math diofraichte a tha ann am Fèis Cheilteach Innse Gall. Mar eisimpleir, chan e fèis cho-fharpaiseach a tha innte agus tha i a' gabhail a-steach ceòl Ceilteach san fharsaingeachd, seach a-mhàin ceòl Gàidhlig. Tha na seinneadairean agus na còmhlain air an tarraing bho air feadh an t-saoghail. 'S e an fharsaingeachd ciùil sin fear de na rudan a tha tarraingeach dhan luchd-tadhail. Tha an fharsaingeachd seo air a chur an cèill cuideachd anns na rudan eile seach ceòl a tha nam pàirt den fhèis mar bùithtean-obrach Gàidhlig. Tha geamannan iomain ann gach bliadhna cuideachd eadar na h-eileanan.

Tha an Fhèis a' tarraing mòran luchd-tadhail agus tha sin a' brosnachadh turasachd anns Na h-Eileanan oir, ma chòrdas e riutha, 's dòcha gun till iad no co-dhiù gun dèan iad sanasachd air na h-Eileanan am measg an luchd-eòlais. Le daoine a' tighinn à Astràilia, Canada agus an Fhraing, 's e rud glè chudromach a tha an sin.

Tha e na chuideachadh gu bheil pàirt de na tachartasan aig an Fhèis sgapte air feadh Leòdhais agus Na Hearadh, cho math ri baile Steòrnabhaigh, agus mar sin faodaidh daoine an sgìre air fad fhaicinn ma thogras iad. Cuideachd tha na consairtean a dh'aon ghnòthach air an oidhche, rud a tha leigeil le daoine a dhol air chuairt tron latha.

Tha buannachd mhòr san Fhèis do dh'eaconamaidh nan Eilean. Tha eòlaichean a' meas gu bheil i a' cruthachadh teachd-a-steach a' streap ri millean not gach bliadhna. Tha bùithtean agus taighean-òsta a' dèanamh gu h-àraidh math aiste. Ann an cuid a bhliadhnaichean 's ann a tha uimhir a' tighinn is gum bi na h-àitichean-fuirich loma-làn agus bidh fiù 's na raointean-campachaidh a' cur thairis.

Tha e cosgail Fèis mar seo a ruith agus tha an luchd-stiùiridh an comain nan ùghdarrasan airson an taic ionmhais a tha iad a' toirt dhaibh. Ach 's e daoine, agus gu sònraichte a' choimhearsnachd, am prìomh adhbhar a tha Fèis Cheilteach Innse Gall cho buileach soirbheachail is a tha i. Tha mòran dhiubh seo ag obair gu saor-thoileach, mar eisimpleir a' cur suas an teant no a' reic thiogaidean.

'S e na rudan sin as coireach gu bheil an Fhèis a' cosnadh dhuaisean leithid 'Tachartas-ciùil na Bliadhna' agus gu bheil uimhir ga frithealadh.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]